

Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba

TURAS SÀBHAILTEACHD TEINE DACHAIGH SANAS PRÌOBHAIDEACHD

An t-ùrachadh mu dheireadh:
Am Faoilleach 2025



Tha e na rùn aig Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba (SFRS) am fiosrachaidh pearsanta agad a dhìon. Tha làimhseachadh dàta pearsanta air a chòmhdach le Riaghailt Dìon Dàta Coitcheann 2018 agus le Achd Dìon Dàta 2018.

Tha an sanas priobhaideachd seo a' mìneachadh an fhiosrachaidh a tha SFRS ("sinne") a' cruinneachadh mu do dheidhinn, carson a bhios sinn ga chruinneachadh agus mar a thèid a chleachdadh.

Sealbhadair a' phròiseis: Casg, Dìon is Ullachadh

Tha an sanas seo a' buntainn ris na seòrsaichean cuspair dàta a leanas: Am Poball

Carson a tha sinn a' cruinneachadh an fhiosrachaidh agad?

Ma rinn thu iarrtas airson Turas Sàbhailteachd Teine Dachaigh no ma chaidh do chur air adhart gu Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba airson Turas Sàbhailteachd Teine Dachaigh no gus comhairle sàbhailteachd iomchaidh fhaighinn, tha e cudromach gun tuig thu mar a thèid am fiosrachadh pearsanta agad a chruinneachadh agus a chleachdadh agus dè na còraichean a tha agad a thaobh d' fhiosrachadh.

Tha am fiosrachadh a chruinnicheas sinn a dhìth oirnn gus an urrainn dhuinn beachdachadh air tadhal ort aig an taigh agad no pasgan comhairle mionaideach a thoirt dhut.

Tha am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh air a chleachdadh leinn gus an t-seirbheis a chaidh iarraidh a thoirt seachad agus gus ar dleastanasan fo Achd Teine (Alba) 2005 a choileanadh. Tha na dleastanasan sin a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh sàbhailteachd teine, a' lùghdachadh nan cunnartan bho theine dhuibh fhèin agus do dhaoine eile, a' toirt seachad comhairle mu na gnìomhan a bu chòir gabhail ma bhios teine ann, a' dìon ar coimhearsnachd le bhith a' cur ris an t-sàbhailteachd agad fhèin agus aig càch agus a' toirt seachad taic gus do shlàinte is sunnd a leasachadh.

Ciamar a chruinnicheas sinn am fiosrachadh mu do dheidhinn?

Thèid an turas no a' chomhairle a thoirt seachad le luchd-obrach SFRS agus thèid a thoirt seachad air sgàth gun d' fhuair sinn tar-chur

bho bhuidheann eile, iarrtas bhuat fhèin no bho bhall den teaghlach, no air sgàth tachartas san sgìre agad. Tha seo gar cuideachadh gus cunnart a mheasadh agus gus a' chomhairle agus an taic a tha a dhìth a thoirt seachad.

Tha ceistean agus beachdan ann an ceisteachan Turas Sàbhailteachd Teine Dachaidh mu na leanas:

- ✦ Sàbhailteachd teine;
- ✦ Sunnd;
- ✦ Rud sam bith mun dòigh-beatha agad a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air sàbhailteachd pearsanta.

Nì sinn clàr de na freagairtean agad agus clàraichidh sinn rud sam bith a chunnaic sinn a bhuineas do na ceistean agus do dh'adhbhar an turais. Cumaidh sinn cuideachd clàr de thar-churan a rinneadh do bhuidhnean eile agus air na h-adhbharan airson sin.

Mar phàirt den phròiseas seo, iarraidh sinn ort dàta Co-ionannachd a thoirt seachad, ach tha seo roghainneil. Ma roghnaicheas tu na ceistean Co-ionannachd a lìonadh, cruinnichidh sinn am fiosrachadh tro cheangal gu Citizen Space.

Dè am fiosrachadh a tha sinn a' cruinneachadh?

Fiosrachadh pearsanta:

- ✦ Ainm slàn;
- ✦ Seòladh;
- ✦ Latha-breith;
- ✦ Fios conaltraidh.

Fiosrachadh mu roinnean-seòrsa sònraichte:

- ✦ Freagairtean mu sho-leòinteachd do chunnartan.

'S ann roghainneil a tha an dàta roinn-seòrsa sònraichte a leanas a tha sinn ag iarraidh. Thèid freagairt sam bith a bheir thu seachad a chur ann an cruth gun urra leis an t-siostam aig àm cruinneachaidh.

- ✦ Gnè/fèin-aithne gnè;
- ✦ Ciorram;
- ✦ Cinneadh;
- ✦ Tar-ghnèitheach;
- ✦ Suidheachaidhean slàinte no tinneasan;
- ✦ Taobhadh Feise;
- ✦ Creideamh no feallsanachd;
- ✦ Prìomh chànan;
- ✦ Ann an cùram/air a bhith ann an cùram;
- ✦ Seòladh puist-d airson cuidhteis

A' bhunait laghail airson a bhith a' làimhseachadh dàta

Mus làimhsich sinn an dàta agad, feumaidh sinn bunait laghail gus sin a dhèanamh.

A thaobh làimhseachadh an fhiosrachaidh phearsanta agad:

- ✦ Tha làimhseachadh a dhith gus gèilleadh ri dleastanas laghail air an rianadair - Alt 6(1)(c) - Achd Teine (Alba) 2005;
- ✦ Tha cuspair an dàta air cead a thoirt seachad gum faodar an Dàta Pearsanta aca a làimhseachadh airson aon no barrachd adhbhar sònraichte - Alt. 6(1)(a).

A thaobh làimhseachadh an fhiosrachaidh agad mu roinnean-seòrsa sònraichte:

- ✦ Tha cuspair an dàta air cead soilleir a thoirt seachad gum faodar an Dàta Pearsanta sin a làimhseachadh airson aon no barrachd adhbhar sònraichte - Alt. 9(2)(a).

Ciamar a thèid am fiosrachadh a chleachdadh?

- ✦ Gus seirbheisean iomchaidh a thoirt seachad gus do shàbhailteachd no sàbhailteachd dhaoine eile a dhion;

- ✦ Gus toraidhean nan seirbheisean a thug SFRS seachad a chlàradh agus a mheasadh;
- ✦ Gus gnìomhachd a sgrùdadh, treand sam bith a chomharrachadh agus gus staitistig gun urra a thoirt do Riaghaltas na h-Alba air an àireamh iomlan de thursan a chaidh a thoirt seachad;
- ✦ Gus sùil a chumail air dàta co-ionannachd agus gus buidhnean/coimhearsnachdan nach eil air an riochdachadh gu leòr a chomharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil comas aig a h-uile coimhearsnachd cothrom fhaighinn air an t-Seirbheis againn;
- ✦ Le bhith a' cur a-steach iarrtas, tha thu ag aontachadh gum faod sinn fios a chur thugad gus measadh fhaighinn air an t-seirbheis a thug sinn seachad.

Càite am bi sinn a' stòradh do chuid fiosrachadh agus cò leis a bhios sinn a' co-roinn do chuid fiosrachadh?

Thèid am fiosrachadh agad a stòradh air siostam air an taobh a-staigh agus thèid a chleachdadh leis an luchd-obrach a dh'fheumas e gus an dreuchd aca a choileanadh,

gus comhairle a thoirt seachad, gus turas dachaigh a thoirt seachad, ma tha sin riatanach, agus gus builean adhartais bhon turas a thoirt air adhart agus airson rianachd agus luachadh na seirbheis.

Mar thoradh air turas, dh'fhaodte gum biodh e na bhuannachd do luchd-obrach Seòmar Smachd SFRS agus sgiobaidhean obrachaidh cothrom a bhith aca air fiosrachadh sònraichte gus am bi freagairt ann an suidheachadh èiginn èifeachdach. Anns na suidheachaidhean sin, bhiodh cothrom aca air seòladh agus nòta mu choinneamh an t-seòlaidh sin, mar eisimpleir: 22 Àrd-shràid – siolandair ocsaidean.

Tha dìon d' fhiosrachadh pearsanta ro-chudromach dhuinn agus mar sin, ma chuireas sinn fios gu buidheann com-pàirteachais, tha ceumannan tèarainteachd iomchaidh an sàs gus dèanamh cinnteach gun tèid a cho-roinn gu tèarainte, agus cha cho-roinn sinn ach an ìre as lugha de dh'fhiosrachadh a tha a dhìth airson adhbhar an tar-chuir.

Anns a' mhòr-chuid de chùisean, cha cho-roinn sinn d' fhiosrachadh pearsanta às aonais do chead, agus thèid fios a chur thugad nuair a nithear tar-chur.

Am measg nan tar-churan a dh'fhaodamaid dèanamh, a rèir na lorgas sinn, tha:

- ✦ Sgiobaidhean casg tuiteam aig Ùghdarrasan Ionadail a bheir taic do dhaoine fa leth gus casg a chur air tuiteam anns an dachaigh agus timcheall air;
- ✦ Inbhean Malairt, gus do dhìon mar chustamair, agus gus taic a chumail ri malairt dhligeach;
- ✦ Poileas Alba, gus comhairle agus taic a thoirt dhaibhsan air a bheil dragh mu eucoir, dol a-mach mì-shòisealta, so-leòntachd agus dìon;
- ✦ Seirbheisean Sòisealta aig Ùghdarrasan Ionadail as urrainn taic a thabhann do dhaoine ann an grunn diofar raointean.

Bidh suidheachaidhean ann nuair a dh'fhaodar am fiosrachadh pearsanta agad a cho-roinn gun a bhith a' faighneachd dhìot: ma tha dleastanas laghail no cumhachd againn fiosrachadh a cho-roinn le buidhnean reachdail eile, nuair a tha math a' phobaill nas cudromaiche na dìomhaireachd phearsanta agus far a bheil do shàbhailteachd no sàbhailteachd dhaoine eile. ann an cunnart. Thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh air stèidh cùis ma seach.

Dè cho fad 's a chumas sinn am fiosrachadh agad?

Thèid clàran pàipeir sam bith a thèid a chruinneachadh mar phàirt de Thuras Sàbhailteachd Teine Dachaigh a sgrìos gu tèarainte aon uair 's gu bheil am fiosrachadh air a ghluasad chun an t-siostaim Iarrais Turas Sàbhailteachd Teine Dachaigh againn. Thèid am fiosrachadh san t-siostam a chumail fad 6 bliadhna agus suas ri 10 bliadhna far a bheil sin a dhìth gus an coilean SFRS a dhleastanasan fo Achd Teine (Alba) 2005 gus sàbhailteachd teine a bhrosnachadh agus gus an cunnart bho theine dhan choimhearsnachd a lùghdachadh. Thèid dàta a chumail ann an cruth gun urra airson àm nas fhaide airson mion-sgrùdadh, aithris staitistigeil, agus sgrùdadh co-ionannachd.

An tèid co-dhùnaidhean fèin-obrachail a dhèanamh?

Faodar gun dèan am fiosrachadh a chruinnicheas sinn co-dhùnaidhean fèin-obrachaidh oir bidh freagairtean do cheistean suidhichte a' co-dhùnadh dè as fhreagarraiche dhut a thaobh a bhith a' faighinn turas no a' toirt seachad psagan comhairle.

Ag iarraidh cothrom air an dàta pearsanta agad agus na còraichean agad

Tha tòrr chòraichean agad a thaobh an dàta pearsanta agad fo reachdas dìon dàta. Tha còir agad:

- ✦ fios fhaighinn air mar a làimhsicheas sinn e;
- ✦ lethbhreac iarraidh den fhiosrachadh a th' againn mu do dheidhinn;
- ✦ gun tèid am fiosrachadh a dhubhadh às (far nach eil riatanas laghail oirnn a chumail);
- ✦ am fiosrachadh a bhith air a cheartachadh, air a chuingealachadh;
- ✦ cuir an aghaidh sinne a bhith ga chleachdadh;
- ✦ so-ghiùlaineachd dàta (ann an cuid de shuidheachaidhean).

Far a bheil sinn a' làimhseachadh dàta stèidhichte air do chead, tha còir agad an cead sin a tharraing air falbh aig àm sam bith.

Gus gin de na còraichean agad gu h-àrd a chur gu feum no ma tha dragh sam bith ort mu mar a tha sinn a' cleachdadh d' fhiosrachadh pearsanta, cuir fios chun an Oifigeir Dìon Dàta (fiosrachadh gu h-ìosal).

Ach, ma tha thu mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich sinn am fiosrachadh agad no mar a dhèilig sinn ris an iarrtas agad gus gin de na còraichean agad a chleachdadh a thaobh an dàta agad, faodaidh tu na draghan agad a thogail gu dìreach le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh, àireamh fòn.

[0303 123 1113](tel:03031231113) no ann an sgrìobhadh gu:

Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh

Wycliffe House
Water Lane
Wilmslow
Cheshire
SK9 5AF

Airson barrachd fiosrachaidh mu na còraichean agad:

ico.org.uk/for-organisations/guide-to-the-general-data-protection-regulation-gdpr/individual-rights

Gus gearan a dhèanamh gu Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh: ico.org.uk/concerns

Tha sinn nar Rianadair Dàta airson dàta pearsanta. Chaidh am fiosrachadh againn a chlàradh le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh (ICO) agus 's e an àireamh clàraidh againn Z3555625. Faodar clàr an ICO fhaicinn air-loidhne aig ico.org.uk

Ma tha thu airson bruidhinn mu dheidhinn rud sam bith san t-sanas prìobhaideachd seo, cuir fios gu:

Carol Wade, Manaidsear Riaghlaidh Fiosrachaidh/Oifigear Dìon Dàta Post-d:

carol.wade@firescotland.gov.uk



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE

Working together for a safer Scotland

firescotland.gov.uk

Turas Sàbhailteachd Teine Dachaidh SFRS - Sanas Priobhaideachd
Tionndadh 2– Am Faoilleach 2025